



Oilthigh
Ghlaschu

Dreachd Plana Gàidhlig 2027-2032



Ro-ràdh

Is e àrd-amas ro-innleachdail Oilthigh Ghlaschu a bhith na institiùd a tha atharrachail gu cruinneil: àite a bhios a' cruth-atharrachadh bheachd-smuaintean tro ghnìomh agus a' toirt buaidh dheimhinneach. Tha sinn a' strì, chan ann a-mhàin ri bhith mar aon de na h-oilthighean as fheàrr **anns** an t-saoghal, ach a bhith mar an t-oilthigh as fheàrr **don** t-saoghal.

Mar oilthigh a tha aithnichte gu h-eadar-nàiseanta le freumhan domhainn catharra agus neart sònraichte a thaobh rannsachadh is teagasg ann an Ceiltis is Gàidhlig, is urrainn agus bidh an t-Oilthigh a' cur gu mòr ri cànan is cultar na Gàidhlig a dhìon, a chumail suas agus adhartachadh, an dà chuid ann an Alba agus gu h-eadar-nàiseanta.

Rè beatha a' cheathraimh eagrain seo de ar Plana Gàidhlig, bidh sinn a' sireadh ri:

- Cothroman ionnsachaidh ùr-ghnàthach agus rannsachadh is iomlaid eòlais a libhrigeadh, aig am bi buaidh bhrìoghmhor air luchd-labhairt na Gàidhlig agus coimhearsnachdan luchd-labhairt gu nàiseanta agus gu cruinneil.
- Taic a chur ri àrainneachdan far am faod modhan-obrach cruthachail is fiosraichte a thaobh àbhaisteachadh air cleachdadh, ionnsachadh agus adhartachadh na Gàidhlig a bhith air an toirt gu buil.

Tha Gàidhlig air a bhith na pàirt de ar sgeul aig Oilthigh Ghlaschu o chionn fhada. Bha Gàidhlig aig co-dhiù trìùir de ar prionnsapalan agus is e An Comunn Oiseanach a chaidh a stèidheachadh ann an 1831, an dàrna comann oileanaich as fhaide a mhaireas. San latha an-diugh, tha a' Ghàidhlig a' leantainn oirre ga cleachdadh gach latha air feadh ar n-àrainn, le luchd-obrach agus oileanaich a' dèanamh suas coimhearsnachd Ghàidhlig ghnìomhach agus bheòthail, nach eil air a cuingealachadh thucasan a tha a' sgrùdadh Gàidhlig no ag obair ann an dreuchdan co-cheangailte ri Gàidhlig.

Stèidhich a' chiad eagra de ar Plana Gàidhlig a chaidh fhoillseachadh ann an 2012, Taigh na Gàidhlig, ar sgeama còmhnaidheachd tùsaireach Gàidhlig, agus shuidhich sin UofG Gàidhlig, am bun-stèidh airson poileasaidh is seirbheis leasachaidh Ghàidhlig an Oilthighe, a tha air slighe a stiùireadh a dh'ionnsaigh leasachadh Gàidhlig ann am foghlam àrd-ìre ann an Alba.

A' togail air an deagh obair seo, leasaich ar dàrna agus ar tritheamh Plana Gàidhlig cothroman ionnsachaidh is cleachdaidh ùra Gàidhlig, a' gabhail a-steach ar Bliadhna Bhogaidh Gàidhlig gun choimeas, agus lean seo air adhart a' libhrigeadh sàr-rannsachadh buadhmhor a tha air thoiseach san t-saoghal, le agus do choimhearsnachdan Gàidhlig air feadh Alba.

Tha mòran air atharrachadh on a chaidh a' chiad Phlana Gàidhlig againn fhoillseachadh, agus tha sinn ag aithneachadh nan cothroman agus nan dùbhlannan atharrachail ris a bheil a' Ghàidhlig agus coimhearsnachdan Gàidhlig a' dèiligeadh gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta.

Thaisbean Cunntas-sluaigh 2022 àrdachadh dearbhach san àireamh de dhaoine ann an Glaschu le sgilean cànan sa Ghàidhlig, a' meudachadh bho 9,469 gu 17,380 bho 2011. Tha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a' leantainn air a' soirbheachadh gu h-ionadail, leis a' cheathramh bun-sgoil tro mheadhan na Gàidhlig a' fosgladh ann an Glaschu ann an 2023. Is i Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu an aon àrd-sgoil gu h-iomlan tro mheadhan na Gàidhlig ann an Alba.

Gu nàiseanta, tha an àireamh de luchd-ionnsachaidh agus luchd-labhairt na Gàidhlig air meudachadh gu mòr on chunntas-sluagh mu dheireadh ann an 2011. Ach, tha crìonadh a' chànain ann am prìomh sgìrean a tha aig "cridhe" na Gàidhlig fhathast na chùis èiginn a thaobh glèidhteachas air a' chànan.

Is ann air a' chùl-raon seo a tha sinn a' taisbeanadh a' cheathramh eagrain de ar Plana Gàidhlig. Thar nan còig bliadhna seo, tha sinn dealasach a thaobh taic a chur ri oileanaich agus luchd-obrach gu bhith a' leantainn orra a' cleachdadh Gàidhlig gach latha, a' lìbhrigeadh chothroman ionnsachaidh is teagaisg ùr-ghnàthach ann an Gàidhlig agus mu dheidhinn Gàidhlig, a' lèir-thaisbeanadh agus a' comharrachadh rannsachadh buadhmhor agus a' gnìomhadh ann an dlùth cho-obrachadh le com-pàirtichean is buidhnean Gàidhlig air feadh Alba, gus cur ri glèidhteachas is adhartachadh air cànan is cultar na Gàidhlig air feadh an t-saoghail.

Tha sinn a' strì ri bhith nar buidheann a dh'atharraicheas an saoghal agus mar an t-oilthigh as fheàrr **airson** cànan, cultar agus coimhearsnachdan Gàidhlig.

Amasan is Gealltanasan

Tha an dreachd Plana Gàidhlig seo air a leasachadh ann an co-obrachadh le Comataidh na Gàidhlig (Comataidh Plana Gàidhlig an Oilthighe) agus luchd-obrach is oileanaich air feadh an oilthighe.

Tha ar n-amasan àrd-ìreil a' mìneachadh nam prìomh chòig raointean prìomhachais airson leasachadh Gàidhlig air feadh an Oilthighe thar nan còig bliadhna ri teachd. Tha na duilleagan a leanas a' nochdadh tar-shealladh mionaideach air mar a tha sinn an dùil na h-amasan sin a choileanadh còmhla ri barrachd leasachaidh air Gàidhlig taobh a-staigh an Oilthighe agus nar com-pàirteachasan, agus le sin a dhèanamh, a' cur ri *Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-2028* agus ro-innleachd Oilthigh Ghlaschu, *Glaschu 2036*.

Tha am Plana Gàidhlig seo air ullachadh ann an co-rèir ri Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, Achd nan Cànanan Albannach 2025 agus Stiùireadh Reachdail air Leasachadh Phlanaichean Gàidhlig.

Amasan Ro-innleachdail

Tha sinn air còig prìomhachasan ro-innleachdail a leasachadh airson ar Plana Gàidhlig 2027-2032:

1. Cuiridh sinn dìon air agus leudaichidh sinn ar cothroman ionnsachaidh is teagaisg ùr-ghnàthach do luchd-ionnsachaidh is fhileantaich.
2. Cuimsichidh sinn air rannsachadh buadhmhor is iomlaid eòlais a lìbhrigeadh, a' dèanamh cinnteach gu bheil ar cruinneachaidhean sònraichte Gàidhlig ruigsinneach agus air an adhartachadh.

3. Àrdaichidh sinn eòlas oileanaich air Gàidhlig air an àrainn agus tro thachartasan, pròiseactan, sgeamaichean cànanain agus àrainneachdan Gàidhlig air leth.
4. Neartaichidh sinn ìomhaigh na Gàidhlig air feadh an Oilthighe tro shealbh aig àrd-ìre a stèidheachadh thairis air ar dleastanas laghail a thaobh Gàidhlig, agus meudachadh air faicsinneachd na Gàidhlig air an àrainn.
5. Cuiridh sinn taic ris a' choimhearsnachd de luchd-labhairt Gàidhlig air agus far a' champais, a' co-thaobhadh le leasachadh na Gàidhlig sa bhaile agus leis na h-amasan nàiseanta.

Raointean Prìomhachais airson Leasachadh

Is iad ar Raointean Prìomhachais do 2027-2032:

1. Ionnsachadh is Teagasg
2. Rannsachadh is Iomlaid Eòlais
3. Eòlas Oileanaich
4. Riaghlachas, Faicsinneachd is Ìomhaigh
5. Coimhearsnachd is Co-obrachadh
6. Amasan Seirbheis Chorporra

Gealltanasan

Thèid na gnìomhan a leanas a thoirt gu buil gus cleachadh, ionnsachadh agus faicsinneachd na Gàidhlig adhartachadh anns gach aon de ar raointean leasachaidh, agus gus ar cinn-uidhe ro-innleachdail a choileanadh.

1. Ionnsachadh is Teagasg

Cur dìon air agus leudachadh solar ionnsachaidh is teagaisg ùr-ghnàthach Gàidhlig, taobh a-staigh agus taobh a-muigh Ceiltis is Gàidhlig, a' cur ri àireamhan meudaichte de fhileantaich agus luchd-ionnsachaidh mhisneachail.

Gealltanasan	Gnìomhan	Raon Cunntachail	Loidhne-tìm
1.1. Leasachadh Acadaimigeach Ionnsachadh is teagasg ùr-ghnàthach a dhìon agus a leudachadh taobh a-staigh Ceiltis is Gàidhlig, a' tabhann chùrsaichean: a mheudaicheas an àireamh de dhaoine ag ionnsachadh Gàidhlig gu ìre fhileanta; ag adhartachadh eòlas air agus mothachadh don Ghàidhlig; a' solarachadh cothroman ionnsachaidh	Ceiltis is Gàidhlig Ann an co-rèir ri ro-innleachdan, poileasaidhean agus riaghlachas UofG, leantainn air adhart a' lìbhrigeadh ar cothroman ionnsachaidh Gàidhlig taobh a-staigh Ceiltis is Gàidhlig, agus a' rannsachadh faotainneachd mheudaichte air cùrsaichean a tha gan lìbhrigeadh gu dà-chànanach no tro mheadhan na Gàidhlig aig ìre Urraim. Tha Ceiltis is Gàidhlig a' cur fàilte air teusasan agus tràchdasan air an	Ceiltis is Gàidhlig	Bliadhna

is sgrùdaidh tro mheadhan na Gàidhlig.	sgrìobhadh ann an Gàidhlig, le àireamh de dh'oileanaich iar-cheuma gu làithreach ag obair tro mheadhan na Gàidhlig. Leanaidh an t-Oilthigh a' cur taic agus a' solarachadh goireas do dh'oileanaich iar-cheuma is fo-cheuma ann an Ceiltis is Gàidhlig, gus rannsachadh ann an Gàidhlig a choileanadh 's a chur a-steach.		
	Bliadhna Bhogaidh Ghàidhlig Leantainn air adhart a' tabhann agus a' leasachadh na Bliadhna Bogaidh Gàidhlig, an dà chuid mar bhliadhna sgrùdaidh fa leth agus mar phàirt de phrògram ceuma còig-bliadhna ann an Gàidhlig no Ceiltis.	Bliadhna Bhogaidh Ghàidhlig	Bliadhnail
	Ionnsachadh Air-loidhne agus Cùrsaichean Goirid Leasachadh Cùrsa Mòr Fosgailte Air-loidhne (MOOC), a' teagasg Gàidhlig aig ìre tòiseachaidh. Cùrsa Goirid UofG aig ìre A2 a thabhann.	Cùrsaichean Goirid UofG Ceiltis is Gàidhlig	Bliadhna 2
1.2. So-fhastachd Ann an co-rèir ri cleachdaidhean Colaiste nan Ealain agus nan Daonnachdan agus ro-innleachd Ionnsachaidh is Teagaisg UofG, leabaich raon de chothroman so-fhastachd sa churraicealam do dh'oileanaich Ceiltis is Gàidhlig agus luchd-labhairt is luchd-ionnsachaidh Gàidhlig an àiteachan eile san Oilthigh.	A' toirt aithne don Ghàidhlig mar phrìomh sgìl so-fhastachd tarsainn raon de raointean proifeiseanta, a' cur dìon air roghainnean den phrògram Co-Cheum le Urram, ag adhartachadh Gàidhlig mar chùrsa creideis, agus a' rannsachadh dhòighean air a' Bhliadhna Bhogaidh Ghàidhlig a leabachadh agus cothroman ionnsachaidh Gàidhlig gu bhith nam prògraman ceuma tarsainn an Oilthighe.	Ceiltis is Gàidhlig Na Colaistean uile Seirbheis Dhreuchdan	Bliadhna 2
	Leasachadh chùrsaichean ùra is làithreach agus rannsachadh bhùithtean-obrach so-fhastachd do dh'oileanaich air prògraman taobh a-muigh Ceiltis is Gàidhlig, ann an co-obrachadh le Raointean Cuspaireil eile, a' gabhail a-steach cùrsa ùr Curraicealam Fad Beatha.	UofG Gàidhlig Na Colaistean uile Seirbheis Dhreuchdan	Bliadhna 3
1.3. Com-pàirteachasan Co-obrachadh le com-pàirtichean air an taobh a-muigh gus cùrsaichean a	Cumail suas ar dàimh làidir le buidhnean Gàidhlig a tha a' cur taic ri agus a' cuideachadh le ar prògraman Gàidhlig a leasachadh,	Bliadhna Bhogaidh Ghàidhlig UofG Gàidhlig	Bliadhnail

leasachadh agus àrdachadh, a tha ag ullachadh cheumnaichean mu choinneamh dhreuchdan-beatha proifeiseanta agus acadaimigeach.	a' gabhail a-steach Ceòlas, Comhairle nan Leabhraichean, Comann Eachdraidh Nis (Ceann a Tuath Leòdhais) agus Ainmean-Àite na h-Alba.	Ceiltis is Gàidhlig	
	Gabhail brath air iomlaid ghluasad oileanaich a' gabhail a-steach mar phàirt de ar dàimh ùir le Oilthigh Naomh Fransaidh Xavier, ann an Alba Nuadh.	Ceiltis is Gàidhlig Sgrùdadh Thall-thairis UofG	Bliadhna 4
	Ionad Sàr-mhathais ann an Teagasg Leantainn air adhart a' frithealadh an Ionaid Shàr-mhathais ann an Teagasg, ag obair ann an com-pàirteachas le institiùdan foghlaim air feadh Alba gus goireasan ionnsachaidh phroifeiseanta a leasachadh do thidsearan tro mheadhan na Gàidhlig air feadh Alba.	Ionad Sàr-mhathais ann an Teagasg Sgoil an Fhoghlaim (Colaiste nan Saidheansan Sòisealta)	Bliadhna 3
1.4. Trusadh Oileanaich Ro-innleachd margaideachd don Ghàidhlig agus do chùrsaichean co-cheangailte ri Gàidhlig, a leasachadh agus a bhuileachadh ann an Oilthigh Ghlaschu.	Tha clàradh làithreach don Bhliadhna Bhogaidh Ghàidhlig bho thòisich an cùrsa ann an 2020-21, le cuibheas de 10nar oileanaich sa bhliadhna agus àirde de 15 oileanaich ann an 2024-25. Targaid de 20 oileanach sa bhliadhna ri shuidheachadh agus ri chumail suas bho 2027-28, a' trusadh oileanaich ùra agus làithreach.	Bliadhna Bhogaidh Ghàidhlig	Bliadhnail
	Ro-innleachd margaideachd a leasachadh do ar cùrsaichean Gàidhlig a tha: (1) ag adhartachadh na Bliadhna Bogaidh Ghàidhlig air an taobh a-staigh agus an taobh a-muigh, gus clàradh le oileanaich ann am meadhan no aig deireadh am program ceuma a bhrosnachadh, agus oileanaich ùra taobh a-muigh ar prògraman ceuma. (2) Dèanamh feum de shianalan UofG Gàidhlig gus cothroman Gàidhlig taobh a-muigh a' chlas adhartachadh, a' taisbeanadh sònrachas na tairgse bho Ghlaschu.	UofG Gàidhlig Bliadhna Bhogaidh Ghàidhlig Colaiste nan Ealain agus nan Daonnachdan Dàimhean air an Taobh A-muigh	Bliadhna 4

	(3) Leudachadh ar ruigsinneachd gu sgoiltean tro mheadhan na Gàidhlig agus sgìrean Gàidhlig na h-Alba, le bhith a' leasachadh stuth adhartachaidh gu sònraichte do na raointean sin. Libhrigeadh agus ath-sgrùdadh ro-innleachd margaideachd ro Bhliadhna 4 den phlana seo.		
1.5. Àrainneachd Obrach Ghàidhlig Daingneachadh air 3 Gàrraidhean an Oilthighe fhoirmeileachadh, mar a' phrìomh àrainneachd obrach don Ghàidhlig.	Sireadh aonta gus 3 Gàrraidhean an Oilthighe a dhaingneachadh mar mhion-Ghàidhealtachd (àrainneachd Ghàidhlig) a bheireadh prìomhachas do ruigsinneachd agus cleachdadh air goireasan an togalaich, a' gabhail a-steach àite teagaisg do chùrsaichean agus ghnìomhachdan co-cheangailte ri Gàidhlig.	Colaiste nan Ealain agus nan Daonnachdan Sgoil nan Daonnachdan	Bliadhna 2

2. Rannsachadh is Iomlaid Eòlais

Rannsachadh Gàidhlig san Oilthigh a tha aig ìre chruinneil a chuideachadh, fhàs agus a mhòr-thaisbeanadh, a' meudachadh gu làn-ìre a bhuaidh air luchd-labhairt, luchd-ionnsachaidh, coimhearsnachdan agus poileasaidh air feadh Alba agus air feadh an t-saoghail.

Gealltanais	Gnìomhan	Raon Cunntachail	Loidhne-tìm
2.1. Rannsachadh le Buaidh Ar sàr-rannsachadh aig ìre chruinneil a leudachadh le cuimse air buaidh, ag obair dìreach le coimhearsnachdan làidir Gàidhlig agus tarsainn chuspairean far a bheil sin iomchaidh, gus goireasan do luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a leasachadh gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta.	Cànan Leanaidh DASG air adhart a' taisbeanadh ceannardas ann an rannsachadh agus iomlaid eòlais a thaobh planadh corpas Gàidhlig, a' toirt buaidh air poileasaidh agus cleachdadh nàiseanta. Adhartaichidh LEACAN 2 leasachaidhean ann an Corpas Gàidhlig na h-Alba. Ag obair le luchd-labhairt traidiseanta agus eòlaichean cànan, cruthaichidh am pròiseact goireasan ùra gus taic a chur ri luchd-labhairt aig gach ìre de ghràmar, cleachdadh agus litreachadh, a bhios luchd-labhairt a' faighinn dùbhlachd no neo-chunbhalach ann an Gàidhlig an latha an-diugh.	DASG LEACAN 2 Ceiltis is Gàidhlig	Bliadhnail

	Thèid làrach-lìn LEACAN ath-leasachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil goireasan, a' gabhail a-steach Banca na Gàidhlig, nas fhasa an lorg agus an cleachdadh a thuilleadh air dèanamh cinnteach às am maireannachd.		
	Eachdraidh agus Cultar Taic a chur ri rannsachadh ùr agus eachdraidh is cultar na Gàidhlig adhartachadh le cuimse air iomlaid eòlais agus leasachadh ghoireasan, agus taic a chur ri obair nam buidhnean nàiseanta, a' gabhail a-steach Ainmean-Àite na h-Alba.	Ceiltis is Gàidhlig Colaiste nan Ealain agus nan Daonnachdan	Bliadhna 1
2.2. Com-pàirteachasan Leantainn air adhart a' coileanadh agus a' leasachadh phròiseactan rannsachaidh ùr eadar-chuspaireil agus cho-obrachail, gus goireasan a leasachadh le agus do choimhearsnachdan ionadail.	Pròiseact Eisirean Bidh am Pròiseact Ath-stèidheachaidh Eisirean Dùthchasach, am Pròiseact Eisirean, ag obrachadh tarsainn Colaistean nan Saidheansan Meidigeach, Ainmhidhean is Beatha, agus Ealain is Daonnachdan, agus le buidhnean ionadail is nàiseanta ann an Earra-Ghàidheal is Bòd. Co-obrachadh tarsainn Cholaistean gus tar-iadhaidhean rannsachaidh san amharc a chomharrachadh.	Pròiseact Eisirean Ceiltis is Gàidhlig Lann nan Ealain (ArtsLab)	Bliadhna 2
	Ionad Gàidhlig an t-Sàilein Le làn-taic bho rannsachadh Oilthigh Ghlaschu air ainmean-àite, sgeulachdan agus òrain Mhuile, leantainn air adhart a' cur taic ri agus a' toirt comhairle don iomairt airson ionad cànan is cultair na Gàidhlig a stèidheachadh air eilean Mhuile.	Colaiste nan Ealain agus nan Daonnachdan Ionad Gàidhlig an t-Sàilein UofG Gàidhlig Seirbheisean Rannsachaidh is Ùr-ghnàthachaidh	Bliadhna 2
2.3. Tasglannan is Cruinneachaidhean Sònraichte Ar cruinneachaidhean Gàidhlig didseatach a leudachadh agus a	Inbhe nan cruinneachaidhean Gàidhlig didseatach làithreach ath-sgrùdadh agus aithris gu Comataidh na Gàidhlig. Plana a leasachadh gus tuilleadh chruinneachaidhean Gàidhlig a dhidseatachadh agus	Tasglannan is Cruinneachaidhean Sònraichte UofG Gàidhlig	Bliadhna 4

dhèanamh goireasach, agus ar cleachdadh air cruinneachaidhean Gàidhlig fhàs ann an teagasg agus ionnsachadh tarsainn cheuman agus ann an cùrsaichean air-loidhne.	dèanamh cinnteach gum bi iadsan rim faotainn gu poblach.		
	Leantainn air adhart a’ tabhann chothroman tadhail gu cruinneachaidhean, mar phàirt de chùrsaichean fo-cheum is iar-cheum Ceiltis is Gàidhlig.	Ceiltis is Gàidhlig Tasglannan is Cruinneachaidhean Sònraichte Taigh-tasgaidh Hunterian	Bliadhnail
	Brosnachadh oileanaich gu co-obrachadh gu cruthachail le Tasglannan is Cruinneachaidhean Sònraichte, mar phàirt de am pròiseactan leasachaidh cànan ann an Taigh na Gàidhlig agus air a’ Bhliadhna Bhogaidh Ghàidhlig.	UofG Gàidhlig Bliadhna Bhogaidh Ghàidhlig Tasglannan is Cruinneachaidhean Sònraichte	Bliadhnail
2.4. Lèir-thaisbeanadh ar Rannsachaidh Dòighean ùra is cruthachail a rannsachadh air conaltradh is com-pàirteachadh leis a’ phoball air ar rannsachadh ann an agus mun Ghàidhlig, a tha a’ taisbeanadh gu ìre a bharrachd sònraich an rannsachaidh Ghàidhlig aig Glaschu.	Òraid phoblach ùr bhliadhnail ann an Gàidhlig a stèidheachadh, a tha a’ mòr-thaisbeanadh rannsachadh Gàidhlig san Oilthigh.	UofG Gàidhlig Colaiste nan Ealain agus nan Daonnachdan Comataidh na Gàidhlig	Bliadhna 2
	Sreath chonaltraidhean a leasachadh tro bheatha a’ phlana seo, gus obair luchd-obrach UofG a taisbeanadh, a tha an sàs ann an rannsachadh Gàidhlig ann an dòighean cruthachail is ùr-ghnàthach.	UofG Gàidhlig Ceiltis is Gàidhlig Dàimhean air an Taobh A-muigh	Bliadhna 2
	Ar rannsachadh a taisbeandh taobh a-staigh choimhearsnachdan Gàidhlig le bhith a’ tabhann taisbeanaidhean, sàr-fhollaisean agus òraidean gu h-ionadail, a’ gabhail a-steach le bhith a’ rannsachadh cleachdadh air fìorachd leudaichte (XR) agus fìorachd bhiortail (VR) mar dhòigh eadar-obrachail air rannsachadh a bhuileachadh. Sgrùdadh air taisbeanaidhean is tachartasan air an stèidheachadh airson 2027 agus leudachadh air conaltradh is com-pàirt gach bliadhna.	Ceiltis is Gàidhlig UofG Gàidhlig Dàimhean air an Taobh A-muigh	Bliadhnail

	Leantainn air adhart a’ taisbeanadh ar rannsachaidh tro bhlogaichean is fhoillseachaidhean, a’ gabhail a-steach bloga LEACAN 2 agus foillseachadh <i>Aiste</i> , ag ath-sgrùdadh agus ag aithris air com-pàirt gu Comataidh na Gàidhlig gach bliadhna.	Ceiltis is Gàidhlig UofG Gàidhlig	Bliadhnail
2.5. Neach-ealain Gàidhlig air Mhuinntearas Cùis a leasachadh airson pròiseact pìleat Neach-ealain Gàidhlig air Mhuinntearas, gus freagairt ann an dòigh chruthachail do nithean co-cheangailte ri Gàidhlig taobh a-staigh ar Tasglainn is Cruinneachaidhean Sònraichte no san Taigh-tasgaidh Hunterian, agus pìos ealain a thoirt gu buil a bhios air a thaisbeanadh no air a ghnìomhadh san Oilthigh.	Cùis a leasachadh agus maoineachadh a shireadh airson Neach-ealain Gàidhlig air Mhuinntearas mar phròiseact pìleat fad bliadhna. Bidh dleastanas air an neach san dreuchd pìos ealain a thoirt gu buil (ceòl, ealain fhiosaigeach, litreachas no a leithid) a tha a’ freagairt do nì co-cheangailte ri Gàidhlig ann an cruinneachaidhean sònraichte.	UofG Gàidhlig Comataidh na Gàidhlig Tasglannan is Cruinneachaidhean Sònraichte An Hunterian	Bliadhna 3

3. Eòlas Oileanaich

Eòlas beatha ann an Gàidhlig air an àrainn àrdachadh, gu h-àraid do luchd-labhairt, luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus iadsan bho fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig, a’ gabhail a-steach le bhith a’ cruthachadh agus a’ neartachadh àiteachan Gàidhlig air an àrainn.

Gealltanas	Gnìomhan	Raon Cunntachail	Loidhne-tìm
3.1. Taigh na Gàidhlig Sgeama Taigh na Gàidhlig a leasachadh agus a leudachadh, a’ gabhail a-steach le ath-stèidheachadh air ar dàimh le Colaiste Oilthigh Bhaile Átha Cliath.	Sgeama còmhnaidheachd Taigh na Gàidhlig fhàs. - Iomairt margaideachd a leasachadh ann an co-obrachadh le oileanaich agus seann-sgoilearan na sgeama, a’ dèanamh feum de UofG Gàidhlig, UofG Life agus conaltraidhean oileanaich bhon taobh a-staigh gus an sgeama adhartachadh fada is farsaing. - Ar dàimh le sgoiltean tro mheadhan na Gàidhlig ann	UofG Gàidhlig Seirbheisean Àite-còmhnaidh Sgrùdadh Thall-thairis UofG Dàimhean air an Taobh A-muigh Comataidh Eòlas Oileanaich UofG	Bliadhna 2 agus Bliadhnail

	an Alba a neartachadh, gus trusadh a bhrosnachadh. • Modail seasmhach a stèidheachadh don sgeama le làrach shuidhichte air an àrainn. • Ais-fhiosrachadh a shireadh bho oileanaich agus aithris a thoirt gach bliadhna air trusadh agus pròiseactan cànan nan oileanach, leis an amas air meudachadh bliadhna an dèidh bliadhna fhaicinn ann an clàradh don sgeama.		
	Ar dàimh le Colaiste Oilthigh Bhaile Átha Cliath ath-stèidheachadh agus a neartachadh gus prògraman iomlaid cànan is cultair a thabhann do ar n-oileanaich.	UofG Gàidhlig Oilthigh Bhaile Átha Cliath Sgrùdadh Thall-thairis UofG	Bliadhna 1
	Sreath de bhùithtean-obrach sgilean cruthachail a ruith tron bhliadhna, a tha a' cur taic ri oileanaich ann an libhrigeadh phròiseactan cànan air an àrainn.	UofG Gàidhlig	Bliadhnail
3.2. An Comunn Oiseanach Taic a chur ris a' Chomunn Oiseanach gus an sgeamaichean Gàidhlig fhèin a ruith agus adhartachadh.	Coinneamh chunbhalach a stèidheachadh eadar An Comunn Oiseanach agus Manaidsear Leasachaidh na Gàidhlig gus rannsachadh mar a dh'fhaodas UofG Gàidhlig taic a thabhann agus planadh leantainneachd a stèidheachadh. Gabhaidh Oifigear Leasachaidh Gàidhlig nan Oileanach pàirt anns na coinneamhan sin aon uair 's gum bi an dreuchd air a stèidheachadh.	UofG Gàidhlig An Comunn Oiseanach	Bliadhna 1
	Leantainn air adhart a' cur taic ri oileanaich gu bhith an làthair agus com-pàirt a ghabhail ann an co-labhairtean agus cruinneachaidhean Gàidhlig foirmeil nàiseanta is eadar-nàiseanta, còmhla ri oileanaich le mion-chànanan eile.	UofG Gàidhlig An Comunn Oiseanach	Bliadhnail
3.3. Oifigear Gàidhlig Oileanaich is Inntearnasan Dreuchd ùr pàirt-ùine Oifigear Leasachaidh Gàidhlig Oileanaich no a leithid a stèidheachadh, gus taic a chur ri adhartachadh air cànan is	Cùis a leasachadh airson dreuchd ùr pàirt-ùine Oifigear Leasachaidh Gàidhlig Oileanaich a stèidheachadh, fosgailte do dh'oileanaich san Oilthigh, gus iomairtean Gàidhlig aig ìre oileanaich a leasachadh, a chuideachadh agus adhartachadh.	UofG Gàidhlig Comhairle Riochdachaidh nan Oileanach (SRC) Comataidh Eòlas Oileanaich	Bliadhna 3

cultar na Gàidhlig aig ìre oileanaich agus tuilleadh chothroman a rannsachadh airson inntearnasan pàighte do dh'oileanaich le Gàidhlig.	An dreuchd a stèidheachadh san Oilthigh ann an co-obrachadh leis a' Chomunn Oiseanach, an SRC agus buidhnean oileanaich eile. Bidh an gnìomh seo an eisimeil maoineachadh fhaotainn.	Seirbheis Dhreuchdan	
	Solar phrògraman inntearnais do dh'oileanaich le Gàidhlig a leudachadh taobh a-staigh UofG Gàidhlig agus àiteachan eile tarsainn Cholaistean, gus ar seirbheisean a leasachadh agus eòlas-obrach / greis-gnìomhachais a thoirt do dh'oileanaich.	UofG Gàidhlig Colaistean uile Seirbheis Dhreuchdan	Bliadhna 4
3.4. Àiteachan Gàidhlig air an Àrainn Àiteachan a chruthachadh do dh'oileanaich le Gàidhlig bho gach roinn chuspaireil, gus a bhith com-pàirteach agus Gàidhlig a chleachdadh.	Àiteachan ainmichte no mòr-ionadan sealach a rannsachadh, airson eadar-chonaltradh sòisealta ann an Gàidhlig tarsainn ar Colaistean agus Seirbheisean Oilthighe.	Colaistean uile Seirbheisean Oilthighe UofG Gàidhlig	Bliadhna 3
	Leantainn air adhart a' tabhann Seòmar MhicThòmais ann an 3 Gàrraidhean an Oilthighe do dh'oileanaich airson a chleachdadh mar sheòmar coinneimh no sgrùdaidh Gàidhlig. Suirbhidh a dhèanamh air oileanaich gus dèanamh cinnteach gu bheil an goireas seo a' coileanadh am feumalachdan.	Ceiltis is Gàidhlig An Comunn Oiseanach	Bliadhnail

4. Riaghlachas, Faicsinneachd is Ìomhaigh

Ìomhaigh na Gàidhlig a neartachadh tarsainn na h-institiùd tro shealbh aig àrd-ìre a stèidheachadh thar ar dleastanais laghail don Ghàidhlig, a' leabachadh comas Gàidhlig agus a' meudachadh faicsinneachd na Gàidhlig air an àrainn.

Gealltanais	Gnìomhan	Raon Cunntachail	Loidhne-tìm
4.1. Riaghlachas Uallach agus aithris às leth a' Phlana Ghàidhlig seo a phrìomh-shruthadh gu an Àrd-Sgioba Stiùiridh, agus riochdachadh a shireadh bho gach Colaiste is Seirbheis Oilthighe air Comataidh na Gàidhlig.	Modh aithris a stèidheachadh a bhios a' libhrigeadh fiosrachadh gu foirmeil don Àrd-Sgioba Stiùiridh mu ar riatanasan laghail a thaobh Gàidhlig, mar a tha mìnichte sa Phlana Ghàidhlig, le ùr-fhiosrachadh cunbhalach ga chur gu Buidheann Stiùiridh Colaiste nan Ealain agus nan Daonnachdan.	Comataidh na Gàidhlig Buidheann Stiùiridh Colaiste (Colaiste nan Ealain agus nan Daonnachdan) Àrd-Sgioba Stiùiridh	Bliadhna 1
	Ruighinn a-mach gu gach Colaiste agus Seirbheis Oilthighe gus	Comataidh na Gàidhlig	Bliadhna 1

	riochdairean bho gach raon a chomharrachadh, airson suidhe air Comataidh na Gàidhlig.	UofG Gàidhlig	
4.2. Tional Dàta Siostam de thional dàta a phrìomh-shruthadh agus a bhuileachadh, gus fiosrachadh a sgaoileadh gach bliadhna co-cheangailte ris an àireamh de dh'oileanaich is luchd-obrach le comasan Gàidhlig.	Siostam de thional dàta bliadhna a bhuileachadh agus a phrìomh-shruthadh gus an àireamh de dh'oileanaich is luchd-obrach le sgilean Gàidhlig no aig a bheil ùidh ann an ionnsachadh, a thional agus aithris.	UofG Gàidhlig Planadh, Lèirsinn agus Anailis Daoine is Leasachadh Buidhne	Bliadhna 2
4.3. Goireasan Luchd-obrach Taic a chur ri luchd-obrach agus am brosnachadh gu Gàidhlig a chleachdadh nan àite-obrach, le bhith a' solarachadh innealan is chothroman air Gàidhlig ionnsachadh agus a chleachdadh.	Acainn fharsaing luchd-obrach a leasachadh le fiosrachadh mu chleachdadh Gàidhlig san àite-obrach, a' gabhail a-steach: • Stiùiridhean foirmeil air brathan-naidheachd dà-chànanach, puist mheadhanan sòisealta agus naidheachdan. • Teachdaireachdan brannd ann an Gàidhlig. • Ceangal gu duilleag Teams is tachartasan coimhearsnachd Gaisgich na Gàidhlig. • Stiùireadh air ainm-sgrìobhte puist-d dà-chànanach. Stuthan stiùiridh adhartachadh tro chonaltraidhean air an taobh a-staigh. Ais-fhiosrachadh a shireadh bho luchd-obrach agus an goireas ùrachadh mar a bhios iomchaidh.	UofG Gàidhlig Gaisgich na Gàidhlig Margaideachd agus Conaltraidhean (Dàimhean air an Taobh A-muigh) Co-ionannachd is Iomadachd	Bliadhna 2
	Seiseanan trèanaidh ann am mothachadh a libhrigeadh do luchd-obrach ùr agus làithreach, a bhios a' rannsachadh chùisean eachdraidheil agus làithreach a thaobh Gàidhlig is mion-chànanan san fharsaingeachd agus mar a dh'fhaodadh luchd-obrach cur ri cleachdadh, ionnsachadh agus adhartachadh na Gàidhlig san Oilthigh. Bidh co-dhiù dà sheisean mothachaidh Gàidhlig do luchd-obrach air an libhrigeadh gach bliadhna.	UofG Gàidhlig Gaisgich na Gàidhlig Daoine is Leasachadh Buidhne	Bliadhna
	Cothroman leasachaidh proifeiseanta do luchd-obrach ann an Gàidhlig agus mun Ghàidhlig a rannsachadh, a' gabhail a-steach stèidheachadh air clasaichean	Gaisgich na Gàidhlig UofG Gàidhlig	Bliadhna 2

	cunbhalach luchd-tòiseachaidh an-asgaidh no lasaichte do luchd-obrach.	Cùrsaichean Goirid UofG (Dàimhean air an Taobh A-muigh, Colaiste nan Saidheansan Sòisealta)	
4.4. UofG Gàidhlig UofG Gàidhlig a chumail suas agus a leudachadh mar phoileasaidh cànan agus seirbheis leasachaidh Gàidhlig an Oilthighe, a' cruthachadh susbaint àrd-chàileachd tro mheadhan na Gàidhlig air ar sianalan agus a' tabhann chothroman do luchd-obrach agus oileanaich gu co-obrachadh agus com-pàirt leis an t-seirbheis.	Leantainn a' postadh gu cunbhalach air sianalan UofG Gàidhlig gus pròifil, naidheachdan, tachartasan, agus pròiseactan Gàidhlig a thogail san Oilthigh, agus obair ar com-pàirtichean a chuideachadh agus a chomharrachadh. Ann am Bliadhna 1, Plana Chonaltraidhean a leasachadh do UofG Gàidhlig, gus sùil a chumail air meudachadh air ar sianalan agus conaltradh a leudachadh, a' gabhail a-steach le (1) cur barrachd oileanaich agus susbaint dèante le oileanaich an sàs, agus (2) toirt feum à comhairle bho sgioba Margaideachd is Chonaltraidhean UofG gus dèanamh cinnteach às a' chleachdadh as fheàrr air sianalan Gàidhlig UofG.	UofG Gàidhlig Margaideachd agus Conaltraidhean (Colaiste nan Ealain agus nan Daonnachdan)	Bliadhna 1 is Bliadhnail
	Obraichidh UofG Gàidhlig le sgiobaidhean chonaltraidhean tarsainn an Oilthighe gus stiùireadh a leasachadh agus a thoirt gu buil a thaobh susbaint dhà-chànanach, le amas air fàs bliadhna an dèidh bliadhna a thaisbeanadh anns an àireamh de phuist Ghàidhlig agus dhà-chànanach air prìomh shianalan mheadhanan sòisealta UofG agus Colaiste nan Ealain agus nan Daonnachdan.	UofG Gàidhlig Colaiste nan Ealain agus nan Daonnachdan Margaideachd agus Conaltraidhean (Dàimhean air an Taobh A-muigh)	Bliadhnail
	Leantainn a' coinneachadh agus a' cur ri lìonraidhean de dh'oifigearan leasachaidh Gàidhlig air feadh Alba agus an cleachdadh as fheàrr a cho-roinn agus ar seirbheisean fheabhasachadh.	UofG Gàidhlig	Bliadhnail
4.5. Sgìre Cànan Sònraichte Roghainnean a rannsachadh às leth Sgìre Cànan Sònraichte (SCS)	Coinneachadh le riochdairean bho Chomhairle Baile Ghlaschu agus ag obair le com-pàirtichean air feadh a' bhaile gus taic agus deasbad air ainmeachadh SCS gu h-ionadail.	Comataidh na Gàidhlig Comhairle Baile Ghlaschu	Bliadhna 1

ainmeachadh gu h-ionadail.		Glaschu Beò	
----------------------------	--	-------------	--

5. Coimhearsnachd is Co-obrachadh

Obrachadh gu ro-innleachdail le com-pàirtichean air feadh Ghlaschu agus Alba, a' cleachdadh rannsachadh, cruinneachaidhean agus goireasan an Oilthighe airson cur gu brìghmhor ri leasachadh na Gàidhlig gu h-ionadail agus gu nàiseanta.

Gealltanas	Gnìomhan	Raon Cunntachail	Loidhne Tim
5.1. Tachartasan agus Gnìomhachdan Poblach Coimhead ri tuigse nas fheàrr fhaotainn air a' choimhearsnachd Ghàidhlig agus pròiseactan brìghmhor is buadh-mhor a thòiseachadh, a tha ag adhartachadh Gàidhlig a thuilleadh air buannachd don choimhearsnachd ann an dòighean eile.	Suirbhidh a dhèanamh air buidhnean coimhearsnachd Gàidhlig gus iarrtas air seirbheisean is tachartasan coimhearsnachd Gàidhlig a rannsachadh, agus faighinn a-mach mar a b' èifeachdaiche a dh'fhaodadh an t-Oilthigh taic a chur ri Gàidhlig ann an Glaschu, a' coimhead ri pròiseact <i>Aon Ghlaschu</i> no a leithid eile a stèidheachadh gus gnìomhadh co-obrachail àrdachadh agus a bhrosnachadh.	UofG Gàidhlig Colaiste nan Ealain agus nan Daonnachdan Comataidh na Gàidhlig	Bliadhna 3
	Sreath de thachartasan, ghnìomhachdan no gnìomhachd adhartachaidh a thabhann aig àm prìomh fhèisean, leithid Seachdain na Gàidhlig agus Seachdain Fàilteachaidh, gus ar tairgse Ghàidhlig adhartachadh agus cothroman a thoirt do dh'fhileantaich, luchd-ionnsachaidh agus luchd-tòiseachaidh air Gàidhlig ionnsachadh agus a chleachdadh. Aithris gach bliadhna air com-pàirt aig tachartasan UofG Gàidhlig gu Comataidh na Gàidhlig.	UofG Gàidhlig Gaisgich na Gàidhlig Colaiste nan Ealain agus nan Daonnachdan Comataidh na Gàidhlig An Hunterian	Bliadhnail
	Cuirm-chiùil Ghàidhlig phoblach a stèidheachadh gach bliadhna mar phàirt de thairgse chiùil an Oilthighe.	UofG Gàidhlig Comataidh na Gàidhlig	Bliadhna 4
	Leantainn a' toirt aoigheachd agus ag adhartachadh goireas GLASCHU.net ann an co-obrachadh le Glaschu Beò.	Ceiltis is Gàidhlig Glaschu Beò	Bliadhnail
5.2. Sgoiltean agus Alumni Dòighean ùra a rannsachadh a thaobh	Lìonra de dh'alumni le Gàidhlig bho Oilthigh Ghlaschu a stèidheachadh.	Leasachadh is Alumni UofG Gàidhlig	Bliadhna 3

com-pàirteachadh le sgoiltean tro mheadhan na Gàidhlig agus sgoilearan is alumni le Gàidhlig, gus cleachdadh leantainneach air Gàidhlig ron Oilthigh agus às dèidh an Oilthighe a bhrosnachadh.	Ceangal cunbhalach a stèidheachadh le sgoiltean tro mheadhan na Gàidhlig air feadh Alba agus dòighean ùra a rannsachadh air an Oilthigh agus ar rannsachadh le clann de dh'aois sgoile adhartachadh, a' gabhail a-steach tadhalan chun na h-àrainn a thabhann do sgoilearan a tha fhathast san sgoil.	UofG Gàidhlig	Bliadhna 3
5.3. Coimhearsnachd air an Àrainn Cothroman a thoirt do luchd-obrach is oileanaich le Gàidhlig agus ag ionnsachadh Gàidhlig, air ceangal a dhèanamh agus an cuid Gàidhlig a chleachdadh ann an suidheachaidhean sòisealta.	Gaisgich na Gàidhlig Togail air lìonra an luchd-obrach Ghàidhlig, Gaisgich na Gàidhlig, mar àite far am faod luchd-obrach agus oileanaich ceangal cunbhalach a dhèanamh le luchd-labhairt Gàidhlig eile air na h-àrainnean againn. Luchd-obrach a bhrosnachadh gu goireasan roinnte san lìonra a chleachdadh airson Gàidhlig adhartachadh nan sgoiltean, roinnean agus colaistean.	Gaisgich na Gàidhlig UofG Gàidhlig	Bliadhnail
	Còisir Ghàidhlig Oilthigh Ghlaschu Leantainn a' toirt aoigheachd agus taic do Chòisir Ghàidhlig an Oilthighe, fosgailte don luchd-obrach is oileanaich uile agus a' coinneachadh gu cunbhalach tron teirm.	Còisir Ghàidhlig Oilthigh Ghlaschu	Bliadhnail
	Taic a thoirt do luchd-obrach is oileanaich gu obair shaor-thoileach a dhèanamh le buidhnean coimhearsnachd Ghàidhlig agus com-pàirt a ghabhail ann an craoladh Gàidhlig. Duilleagan UofG Gàidhlig a chleachdadh gus tachartasan coimhearsnachd anns a bheil oileanaich is luchd-obrach an sàs, a roinn agus a chomharrachadh.	UofG Gàidhlig	Bliadhnail

6. Amasan Seirbheis Chorporra

Tro ar n-amasan seirbheis chorporra, neartaichidh sinn faicsinneachd agus ìomhaigh na Gàidhlig tarsainn na h-àrainn is àrd-ùrlaran didseatach gus taic a chur ri trusadh oileanaich agus eòlas an luchd-obrach is oileanaich àrdachadh.

	Cleachdadh Làithreach	Gnìomhan a Dhìth	Raon Cunntachail
Inbhe: Soidhneachd	Is e ar n-amas dèanamh cinnteach gu bheil stiùireadh air soidhneachd dà-chànanach ga leantainn gu h-iomlan, nar	Soidhneachd Ghàidhlig agus dà-chànanach a sgrùdadh tarsainn na h-oighreachd, agus stiùireadh soidhneachd dhà-chànanach làithreach a	Oighreachdan UofG Gàidhlig

	leasachaidhean ùra agus ath-leasachaidhean air an àrainn.	sgrùdadh agus ath-mheasadh. Ceangal a dhèanamh le Oighreachdan agus an t-soidhneachd seo a leudachadh, le cuimse air togalaichean is raointean poblach ùra agus ath-leasaichte. Soidhneachd shealach agus sgrìonaichean didseatach a chleachdadh aig prìomh thachartasan bliadhnail, leithid Seachdain na Gàidhlig agus Celtic Connections, gus faicsinneachd na Gàidhlig a mheudachadh air feadh na h-àrainn.	Comataidh na Gàidhlig
Conaltraidhean, Meadhanan is Brann	Suaicheantas agus Brann Tha suaicheantas an Oilthighe ri fhaotainn ann am Beurla, Gàidhlig agus dà-chànanach, le stiùireadh air na trì tionndaidhean ann an stiùiridhean brann oifigeil an Oilthighe. Tha ar suaicheantas Gàidhlig agus / no dà-chànanach gu làithreach ga chleachdadh le UofG Gàidhlig, Ceiltis is Gàidhlig, School of Humanities Sgoil nan Daonnachdan, Colaiste nan Ealain, Talla Cheilbhinn, Bùth an Oilthighe agus Dàimhean air an Taobh A-muigh (Trusadh) ach chan eil e idir cuingealaichte gu na raointean sin. Conaltraidhean agus Meadhanan Tha sinn a' cur fàilte air conaltradh leis an oilthigh ann an Gàidhlig (tron phost, post-d no meadhanan sòisealta) agus cuiridh sinn freagairt ann an Gàidhlig gu buill den phoball. School of Humanities Sgoil nan Daonnachdan a' cleachdadh ainm dà-	Dòighean a rannsachadh air faicsinneachd na Gàidhlig a mheudachadh tarsainn gach cruth, a' gabhail a-steach làrach-lìn, meadhanan sòisealta, agus ann an conaltradh air prìomh shianalan Colaiste nan Ealain agus nan Daonnachdan agus UofG. - Innealan ùra Gàidhlig a chruthachadh anns an Acainn Brann, agus mothachadh do stiùireadh air conaltraidhean Gàidhlig is dà-chànanach, a thogail agus a dhèanamh foirmeil. - Ìrean làithreach Gàidhlig air an làraich-lìn a sgrùdadh, agus raointean iomchaidh a chomharrachadh far am faod susbaint Ghàidhlig a chur an aithne no a mheudachadh. - Ceangal a dhèanamh le luchd-obrach chonaltraidhean anns gach Colaiste gus faicsinneachd	Colaistean uile Margaideachd agus Conaltraidhean (Dàimhean air an Taobh A-muigh) UofG Gàidhlig

	chànanach anns gach suidheachadh. Tha sinn a' leantainn air brathan naidheachd dà-chànanach mu Ghàidhlig a sgaoileadh, no naidheachdan co-cheangailte ri Gàidhlig san Oilthigh. Tha sinn a' leantainn air adhart a' meudachadh susbaint Ghàidhlig air an làraich-lìn againn agus àrd-ùrlaran mheadhanan sòisealta. Tha stuthan trusaidh oileanaich Ceiltis is Gàidhlig air an toirt gu buil gu dà-chànanach. Tha Ceiltis is Gàidhlig a' tabhann poileasaidh cànan air susbaint acadaimigeach dà-chànanach agus tha stiùiridhean ann am Miosachan an Oilthighe a thaobh thràchdasan Gàidhlig a chur a-steach.	na Gàidhlig a leudachadh air-loidhne agus air an àrainn.	
Luchd-obrach	Faodaidh luchd-obrach a bhith pàirteach anns an lìonra luchd-obrach Ghàidhlig, Gaisgich na Gàidhlig, a bhios a' cumail choinneamhan pearsanta cunbhalach do luchd-obrach agus oileanaich iar-cheum. Tha sanasan trusaidh air am foillseachadh gu dà-chànanach far a bheil Gàidhlig na sgil a tha riatanach no ion-mhiannaichte don dreuchd.	An àireamh de dhreuchdan le Gàidhlig riatanach no ion-mhiannaichte a mheudachadh, a' tòiseachadh le dreuchdan Oifigear Leasachaidh Gàidhlig nan Oileanach agus Neach-ealain Gàidhlig air Mhuinntearas. Banca de theamplaidean tuairisgeul obrach a chruthachadh ann an Gàidhlig, airson an cleachdadh le luchd-obrach san Oilthigh. Leasan tòiseachaidh Gàidhlig a thabhann do luchd-obrach gach bliadhna, aig prìs lasaichte. Bidh dà sheisean aig a' char as lugha de mhothachadh don Ghàidhlig air an	Daoine is Leasachadh Buidhne UofG Gàidhlig Colaistean uile Gaisgich na Gàidhlig

		libhrigeadh gach bliadhna do luchd-obrach. Leantainn air adhart a' leudachadh agus ag adhartachadh lìonra an luchd-obrach Ghàidhlig air feadh an Oilthighe, a' gabhail a-steach stèidheachadh air sreath de choinneamhan sòisealta, cunbhalach do bhuill.	
--	--	--	--

Buileachadh agus Sgrùdadh

Tha am Plana Gàidhlig seo a' mìneachadh gealltanasan Oilthigh Ghlaschu don Ghàidhlig thar na h-ùine 2027-2032.

Mar Phlana farsaingeachd an Oilthighe, bidh feum aig an institiùd air fad na gealltanasan sin a choileanadh. Bidh uallach iomlan airson buileachadh a' Phlana air Comataidh na Gàidhlig, Comataidh Plana Gàidhlig an Oilthighe. Bidh uallach bho latha gu latha a thaobh ghealltanasan ann an raointean buntainneach, air ar Manaidsear Leasachaidh Gàidhlig agus luchd-seilbh cunntachail eile mar a bhios comharraichte tron Phlana.

Comataidh na Gàidhlig

Tha Comataidh na Gàidhlig air a dhèanamh suas de luchd-obrach bho thaobh sheirbheisean acadaimigeach agus proifeiseanta an Oilthighe, a' gabhail a-steach riochdaire oileanaich bhon Chomunn Oiseanach. Ann am Bliadhna 1, bidh sinn a' dèanamh sgrùdadh air ballrachd na Comataidh gus dèanamh cinnteach à riochdachadh bho phrìomh luchd-ùidhe, oileanaich agus gach Colaiste agus raon Seirbheis Phroifeiseanta san Oilthigh.

Bheir am Manaidsear Leasachaidh Gàidhlig aithisgean cunbhalach air adhartas a' Phlana do Chomataidh na Gàidhlig. An uair sin, bheir Comataidh na Gàidhlig aithisg gach bliadhna do Bhuidheann Àrd-Stiùiridh an Oilthighe.

UofG Gàidhlig

Is e UofG Gàidhlig ar seirbheis poileasaidh is leasachaidh air a bheil uallach airson ar plana Gàidhlig a bhuileachadh, agus taic a thoirt do cho-obrachaidhean tarsainn an Oilthighe a tha an sàs ann an gnìomhachd co-cheangailte ri Gàidhlig. Tha UofG Gàidhlig a' stiùireadh an libhrigidh air prìomh phròiseactan leasachaidh:

- Taigh na Gàidhlig
- Prògram bliadhnail de thachartasan Gàidhlig
- Trèanadh luchd-obrach agus cothroman ionnsachaidh
- Leasachadh susbaint dhidseatach is mheadhanan sòisealta
- Gnìomhachd chom-pàirt coimhearsnachd

Tha UofG Gàidhlig air a stiùireadh agus air a lìbhrigeadh leis a' Mhanaidsear Leasachaidh Ghàidhlig.

Gaisgich na Gàidhlig

Is e lìonra don choimhearsnachd Ghàidhlig san Oilthigh a th' ann an Gaisgich na Gàidhlig. Tro Ghaisgich na Gàidhlig, tha sinn a' sùileachadh ri barrachd cumhachd a thoirt do luchd-obrach is oileanaich gu leasachadh na Gàidhlig adhartachadh sna Colaistean, Sgoiltean is raointean Seirbheis Phroifeiseanta aca fhèin. Tha sinn ag amas air taic a thoirt don bhuidheann gu bhith fèin-fhoghainteach, air a stiùireadh le luchd-obrach agus le taic bho UofG Gàidhlig.

Goireasachadh agus Cunntachalachd

Bidh sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil maoinachadh agus goireas freagarrach ri làimh gus gealltanasan a' Phlana seo a choileanadh, a' gabhail a-steach le bhith a' cumail suas dreuchd a' Mhanaidsear Leasachaidh Ghàidhlig agus solarachadh ghoireasan a bharrachd mar thaic do an cuid obrach mar a bhios riatanach.

Leanaidh sinn a' cumail sùil air agus ag adhartachadh gealltanasan a' phlana seo agus cunntachail do ar luchd-obrach, oileanaich agus don choimhearsnachd ionadail. Gus an t-amas seo a choileanadh, bidh sinn a' / ag:

- Foillseachadh agus ag adhartachadh a' phlana Ghàidhlig seo fad' is farsaing. Bidh am Plana ri fhaotainn gu dà-chànanach air ar làraich-lìn agus ann an clò. Cuiridh sinn air dòigh tachartas foillseachaidh agus PR co-cheangailte, agus a' dol air adhart, ag adhartachadh ar Plana aig prìomh thachartasan bliadhnail leithid Seachdain na Gàidhlig.
- Taisbeanadh spèis co-ionann do Ghàidhlig agus Beurla nar seirbheisean agus goireasan, gus ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig adhartachadh.
- Leantainn air adhart gu gnìomhach a' tabhann agus ag adhartachadh sheirbheisean is ghoireasan Gàidhlig air an taobh a-staigh 's an taobh a-muigh.
- Luachadh buaidh ar seirbheisean is ghoireasan Gàidhlig le bhith a' sgrùdadh ìrean-cleachdaidh agus a' fiathachadh ais-fhiosrachadh.
- Dèanamh ath-sgrùdadh air ballrachd Comataidh na Gàidhlig gach bliadhna gus dèanamh cinnteach à riochdachadh bho phrìomh luchd-ùidhe agus oileanaich.

Ath-sgrùdadh Bliadhna 3

Ann am Bliadhna 3 den Phlana seo, thig *Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-2028* gu crìch. Thèid am *Plana Nàiseanta* ionadachadh sna bliadhnaichean às dèidh sin le ro-innleachd nàiseanta ùr don Ghàidhlig, air a sgrìobhadh le Ministearan an h-Alba fo Achd nan Cànanan Albannach 2025.

Ann am Bliadhna 3, aig teis-meadhan ar plana, foillsichidh sinn aithisg phoblach le mion-fhiosrachadh mu adhartas ar n-amasan àrd-ìreil, le aithisg nas mionaidiche ga cur gu Comataidh na Gàidhlig agus gu an Àrd-Sgioba Stiùiridh anns an Oilthigh.

Ann am Bliadhnaichean 4 agus 5, sgrùdaidh sinn ar plana gus dèanamh cinnteach gu bheil e a' leantainn air a' cur taic ris an ro-innleachd nàiseanta ùr don Ghàidhlig.